

### **Gnìomh 3 – Rannsachadh (1)**

Dèan clàr de na daoine a rinn imrich bho Calbost anns na 1920an, a' sealltainn airson gach duine:

- Ainm
- Gnè (fear no boireannach)
- Bliadhna a b(h)reith
- Aois nuair a rinn iad imrich (le a bhith a' sgrìobhadh "eadar x agus y" mur eil fios againn dìreach cuin a dh'fhalbh iad)
- Ceann-uidhe

Seall air do chlàr agus air an fhiosrachadh eile mu na daoine seo, agus freagair na ceistean a leanas:

- Am b' iad clann, daoine òga no seann dhaoine a bh' anns na h-eilthirich mar bu trice?
- An robh fir na bu bhuailtiche na boireannaich air eilthireachd a dhèanamh?
- Dè an ceann-uidhe bu chudromaiche dha eilthirich à Calbost?
- Dè na h-obraichean a bhathar a' tairgse dhaibh thall-thairis?
- An do thill cuid dhiubh dha Leòdhas idir? Carson a thill iad?